

Notaichean airson do chuideachadh le do thagraidh £500 2009/2010 gu CIP na h-Alba

Tha na nòtaichean seo ann mar chuideachadh dhut le lìonadh an tagraidh agad airson maoinachadh a chum cùrsaichean àrd-fhoghlaim is teisteanachadh proifeiseanta. Ma tha thu nad oileanach ann an àrd-fhoghlam làn-ùine, chan fhaigh thu an seòrsa seo de mhaoineachadh. Na cleachd am foirm seo airson tagradh a dhèanamh a chum cunntas CIP na h-Alba sam bith eile oir chan urrainn dhuinn dèiligeadh ris an tagradh agad an uairsin. Gheibh thu fiosrachadh nas mionaidiche mu CIP na h-Alba bhon bhileag a tha anns a' phasgan seo no ma thadhlas tu air làrach-lìn CIP na h-Alba aig www.ilascotland.org.uk. Faodaidh tu cuideachd fios a chur an-asgaidh gun loidhne-cuideachaidh air 0808 100 1090.

Seo na dh'fheumas tu a dhèanamh

- Leugh na notaichean seo gu faiceallach mus lìon thu a-steach do thagraidh. Ma tha ceist sam bith agad cuir fios gun loidhne-cuideachaidh an-asgaidh air 0808 100 1090.
- Cleachd **ball-peann dubh** is thoir dhuinn am fiosrachadh air fad a tha sinn ag iarraidh. Dèan cinnteach gun cuir thu d' ainm is an ceann-latha sa bhogsa dearbhachaidh.
- **Na paisg am foirm tagraidh.** Till thugainn e sa chèis a fhuair thu no cuir gu CIP na h-Alba, PO Box 17277, Dùn Èideann EH12 9GA e.
- Cuir thugainn lethbhric de gach sgrìobhainn a dh'iarr sinn oir chan urrainn dhuinn dèiligeadh ris an tagradh agad às an aonais. Airson na sgrìobhainnean tùsail agad a dhìon, cuir lethbhric dhiubh thugainn mas urrainn.
- Feumaidh tu innse dhuinn ma dh'atharraicheas do shuidheachadh ann an dòigh a bheireadh buaidh air maoinachadh CIP na h-Alba a gheibh thu.
- Ma tha feum agad air cuideachadh no comhairle co-cheangailte ri do thagraidh, faodaidh tu fòn a chur thugainn air **0808 100 1090**. Mur lìon thu a-steach am foirm gu ceart 's dòcha urrainn dhuinn dèiligeadh ris an tagradh agad.

Nòta : D' Fhiosrachadh pearsanta

- A.1** Seo an àireamh bratha CIP na h-Alba agad. Cum an àireamh seo ri do làimh ma chuireas tu fòn oir bidh e nas fhasa dhuinn d' fhiosrachadh a lorg leis..
- A.2-A.9** Lìon sinn am fiosrachadh seo a-steach leis an fhiosrachadh a thug thu dhuinn air an fhòn. Ma bhios againn ri fios a chur thugad, cleachdaidh sinn am fiosrachadh seo 's mar sin, cuir sùil gheur air. Ma tha fiosrachadh sam bith cearr, cuir am fiosrachadh ceart ann an ince dubh sa bheàrn a chaidh fhàgail air a shon.
- A.10** Ma bhios agad ri càil dhen fhiosrachadh ann an A.2-A.9 atharrachadh, cuir crois (x) sa bhogsa is cuir atharrachaidhean sam bith, mar a chaidh innse dhut, sa bheàrn.
- A.11** Feumaidh tu a bhith a' fuireach a ghnàth ann an Alba a chum tagradh a chur a-steach airson cunntas. Tha fuireach a ghnàth a' ciallachadh gu bheil thu a' roghnachadh fuireach ann an Alba bliadhna an dèidh bliadhna, ach a-mhàin airson amannan sealach mar làithean-saora no tursan gnothaich. Chan eil fuireach an-seo a-mhàin airson foghlam làn-ùine fhaighinn a' cunntadh mar fhuireach a ghnàth. Mur eil thu nad nàiseantach na RA, feumaidh tu bhith air do shuidheachadh ann an Alba (mar a tha e stèidhichte anns an Achd In-imriche 1971) dìreach ron latha a chuir thu a-steach do thagraidh. Mur eil thu cinnteach mu d' airidheachd, cuir fios gu loidhne-cuideachaidh CIP na h-Alba air 0808 100 1090.
- A.12** Mur eil thu air a bhith a' fuireach ann an Alba seach gu bheil cosnadh agad thall thairis sna seirbheisean armaichte, faodaidh tu tagradh a chur a-steach fhathast.

Nòta B: Fiosrachadh air do theachd a-steach

Earrannan a dh'fheumas tu a lìonadh a-steach

- B.1** Ma chosnaicheas tu £22,000 sa bhliadhna no nas lugha agus ma tha thu ag ionnsachadh cùrsa freagarrach aig an ìre fhreagarrach, bidh thu airidh air maoinachadh CIP na h-Alba suas ri £500 sa bhliadhna. Ma tha thu a' faighinn gin dhe na sochairean/creideas an-cise a chì thu fo B.3-B.8, cha leig thu leas an earrann seo a lìonadh a-steach. Mur eil, cuir fiosrachadh air do theachd a-steach ann.
- Ma thèid do phàigheadh gu mìosail, cuir thugainn na trì bileagan-pàighidh as ùire agad.
 - Ma thèid do phàigheadh gu seachdaineil, cuir thugainn na trì bileagan-pàighidh a fhuair thu sna trì mìosan mu dheireadh.
- no,**
- Mur eil trì bileagan-pàighidh a fhuair thu bho chionn ghoirid agad, iarr air d' fhastaiche am Foirm Teisteanachadh Cosnaidh a lìonadh a-steach.
 - Ma tha thu ag obair air do cheann fhèin, feumaidh tu a' cheist seo fhreagairt agus feumaidh tu cuideachd am Foirm Teisteanachadh Cosnaidh a lìonadh a-steach.

Ma tha thu a' faighinn peinnean na stàite, cuir thugainn aon dhe na rudan a leanas:

- litir bho Roinn na h-Obrach is nam Peinnean (ROP) a dhearbhas do pheinnein
- lethbhreac dhen chunntas-banca agad a sheallas am fiosrachadh-pàighidh DWP-SP

Ma tha thu a' faighinn peinnean prìobhaideach, cuir thugainn aon dhe na rudan a leanas:

- lethbhreac dhen chunntas-pheinnein as ùire agad.

Fios: Cha leig thu leas an earrann seo a lìonadh a-steach ma tha thu a' cosnadh barrachd air £18,000 sa bhliadhna no ma tha thu a' faighinn gin de na sochairean/creideasan cìse a chì thu fo B.3-B.8.

B.2

Mur eil cosnadh sam bith agad, bu chòir dhut crois (x) a chur sa bhogsa. Cuiridh sinn fios thugad agus 's dòcha gum bi agad ri tuilleadh dearbaidh air do theachd a-steach a thoirt dhuinn.

B.3-B.8

Cuir crois (x) sa bhogsa ma tha thu a' faighinn gin de na sochairean no creideasan cìse a leanas:

- Cuibhreann Sireadair-obrach
- Taic Cosnaidh
- Cuibhreann Cosnaidh is Cuibheann Taice
- Cuibhreann Neach-cùraim
- Creideas Peinnein (air a bheil Creideas Peinnean na Stàite cuideachd)
- Creideas Cìse Pàiste (an rèat as àirde).

Ma tha thu a' faighinn barrachd air aon dhe na sochairean no na creideasan cìse, cuir crois (x) sna bogsaichean iomchaidh uile.

Chan eil coltas gum bi buaidh aig maoineachadh CIP na h-Alba air do shochairean ach bu chòir dhut bruidhinn ri oifis Jobcentre Plus ionadail agad mus glèidh thu cùrsa.

Feumaidh sinn dearbhadh dhe d' airidheachd airson sochair no creideas cìse fhaicinn. Faodaidh tu na leanas a chur thugainn:

- an litir mu dheireadh a fhuair thu mu airidheachd sochair
- am Fios Measadh Creideas Cìse mu dheireadh a fhuair thu .

Feumaidh tu seo a chur thugainn an cois an tagraidh oir chan urrainn dhuinn dèiligeadh ris an tagradh agad às aonais an fhiosrachaidh seo. Mur eil do litir airidheachd sochaire agad, airson adhbhar air choreigin, faodaidh tu iarraidh air oifis Jobcentre Plus am foirm airson dearbhadh sochair, a tha sa phasgan, a lìonadh a-steach. Mur eil am Fios Dioladh Creideas Peinnein agad, bu chòir dhut fios a chur gu oifis ionadail na Seirbheis Peinnein agad is airson am Fios Measadh Creideas Cìse agad, Cosnadh 7 Cusbainn AM.

Feumaidh sinn dearbhadh fhaighinn air do theachd a-steach mus urrainn dhuinn dèiligeadh ris an tagradh agad airson cunntas £500.

B' fhearr leinn lethbhric shoilleir is gun chomharradh de sgrìobhainnean oir chan urrainn dhuinn gealltainn dhut gum faigh thu air ais sgrìobhainnean tùsail gu sàbhailte.

Nòta C: Cùrsa freagarrach pàirt-ùine

C.1-C.6

Cuir ann mion-fhiosrachadh do chùrsa. Mur eil thu cinnteach mun fhiosrachadh, bruidhinn ri solaraiche do chùrsa.

C.7

Ma tha thu a' faighinn taic airgid a chum tàille do chùrsa à tùs sam bith eile, can am fastaiche agad, cuir ann co mhead. Ma tha solaraiche do chùrsa gad mhaoineachadh mu thràth le airgead bho sgeama cur gu taobh thàille, cha bhi thu airidh air an taic seo.

Nòta D: Dearbhadh is Aontachadh

D.1-D.2

Leugh an dearbhadh gu faiceallach is nuair a bhios tu riarachtaichte gu bheil do thagraidh air a lìonadh a-steach gu ceart, bu chòir dhut d' ainm agus an ceann-latha a chur ris. Mur dèan thu seo, feumaidh sinn d' fhoirm tagraidh a thilleadh thugad is cuiridh seo dàil air dèiligeadh ris an tagradh agad.

Nòta E: Cùl-sgrìobhadh solaraiche a' chùrsa

E.1-E.7

Feumaidh solaraiche do chùrsa an roinn seo a lìonadh. Feumaidh iad dearbhadh gu bheil do chùrsa airidh air maoineachadh agus gu bheil thu ag ionnsachadh aig an ìre riatanach 's a tha ag amas air HNC, HNG, ceum, iar-cheum air a theagasg, duais leasachaidh phroifeisteannta no sìor leasachadh proifeisteannta. Dèan cinnteach gun do chuir thu d' ainm sgrìobhte, an ceann-latha is seula air an fhoirm mus till thu thugainn e.

Nòta F: Liosta-sgrùdaidh

Gabh mionaid is leugh tron liosta-sgrùdaidh a tha an lùib an fhoirm-tagraidh is dèan cinnteach gu bheil thu air a h-uile càil a thoirt dhuinn a dh'fheumas sinn airson dèiligeadh ris an tagradh agad.